

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 542. Note that there is also a simplified version called *An Litir Bheag* which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 238 corresponds to Litir 542.*

Tha mi fhathast anns na h-Eileanan Beaga an t-seachdain seo. Ach tha mi air gluasad bho Eige gu ruige Canaigh. Bha mi toilichte cluinntinn o chionn ghoirid gu bheillear a’ dol a dhèanamh rannsachadh air seann làrach eachdraidheil ann an Canaigh. Chan e rannsachadh a th’ ann air eachdraidh an àite – ach rannsachadh air mar a ghabhas an t-àite sàbhaladh. Mura tèid rudeigin a dhèanamh a dh’aithghearr, tuitidh e às a chèile.

’S e *Coroghon Castle* an t-ainm air ann am Beurla, ged nach e caisteal àbhaisteach a th’ ann. Ann an Gàidhlig ’s e an Corra-dhùn a th’ air. Bidh sibh eòlach air an fhacal *corra-bheinn*, tha mi an dùil. A *steep or pointed hill or mountain*. Corra-dhùn, ma-thà, *steep fort or hill*. Gu dearbh, ’s e sin a th’ ann. Ged nach eil e mòr, tha e gu math cas.

Chaidh mi a’ choimhead air a’ Chorra-dhùn an turas mu dheireadh a bha mi ann an Canaigh, agus bha e follaiseach nach maireadh an “caisteal” fada às aonais obair-càraidh mhòr. ’S e a th’ anns a’ chaisteal **togalach beag cloiche faisg air mullach cnuic an cois a’ chladaich**. Tha an togalach a’ coimhead a-mach a dh’ionnsaigh an dà chuid cladach an eilein agus taobh na mara – às an tigeadh cunnart anns an t-seann aimsir.

Tha e a’ coimhead coltach gur e nàdar de dhùn a bh’ ann far am biodh daoine a’ dol airson an dìon fhèin nuair a bha cogadh ann. Bhiodh e furasta gu leòr a dhìon ’s dòcha. Air an làimh eile, chan eil uisge ann agus cha b’ urrainn mòran bìdh a bhith air a stòradh ann. Tha e dìreach ro bheag. Mar sin, cha mhaireadh e fada an aghaidh feachd mhòr às aonais taic bhon taobh a-muigh. Ach bha e faisg air baile far an robh sluagh uaireigin. An deach na daoine ann fhad ’s a bha iad a’ feitheamh ri taic bho Chloinn Raghnaill ann an Uibhist no air tìr-mòr?

Tha sanasan ann an-diugh a tha a’ toirt rabhadh do dhaoine gun a bhith a’ streap air an dùn. Tha e ro chunnartach. ’S e Urras Nàiseanta na h-Alba a chuir na sanasan ann. Agus chuir iad air na sanasan “Coroghon Castle/Prison”. Saoil an e prìosan a bh’ ann, seach caisteal?

Chaidh agallamh a dhèanamh le seann eileanach, Aonghas Dòmhnallach, leis an neach-cruinneachaidh beul-aithris, Calum MacIlleathain. Rugadh Aonghas ann an ochd ceud deug, seasgad ’s a trì (1863). Chan e “caisteal” a thuirt esan ach “prìosan”. Agus tha beul-aithris ag innse dhuinn gun robh an togalach air a chleachdadh mar phrìosan o shean. Cò bh’ air a chumail ann mar phrìosanach? Uill, bha bean fear de na cinn-

chinnidh. Bha i uabhasach brèagha agus bha an ceann-cinnidh mì-thoilichte gun robh fir eile ga suirghe.

Ann am beul-aithris b' e Dòmhnall Dubh na Cuthaig an ceann-cinnidh sin. Bha e na cheann-cinnidh do Chloinn Raghnaill agus chaochail e ann an Canaigh ann an sia ceud deug, ochdad 's a sia (1686). Tha cuid a' dèanamh dheth gun do ghlais e a bhean Mòr ann am Prìosan a' Chorra-dhùin.

Ma tha sin fìor, tha an togalach a' dol air ais gu co-dhiù an seachdamh linn deug. Nochd a' chiad dhealbhadh dheth ann an clò anns an ochdamh linn deug anns an leabhar a sgrìobh Tòmas Pennant mu a thuras a dh'Alba ann an seachd ceud deug, seachdad 's a dhà (1772). **'S fhiach an togalach a shàbhaladh** ma ghabhas e dèanamh. Ach saoilidh mi nach bi sin furasta no saor.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Na h-Eileanan Beaga: *The Small Isles*; àbhaisteach: *normal*: An Corra-dhùn: *Coroghan (Castle)*; cas: *steep*; cunnartach: *dangerous*; Urras Nàiseanta na h-Alba: *The National Trust for Scotland*; prìosan: *prison*; Dòmhnall Dubh na Cuthaig: *Black-haired Donald of the Cuckoo*; chaochail: *died*.

**Abairtean na Litreach:** bho Eige gu ruige Canaigh: *from Eigg to Canna*; gu bheilear a' dol a dhèanamh rannsachadh air seann làrach eachdraidheil: *that they are going to do research on an old historical site*; mar a ghabhas an t-àite sàbhaladh: *how the place can be saved*; mura tèid rudeigin a dhèanamh a dh'aithghearr: *if nothing is done soon*; tuitidh e às a chèile: *it will fall to pieces*; nach maireadh X fada às aonais obair-càraidh mhòr: *that X wouldn't last long without a lot of repair work*; airson an dìon fhèin nuair a bha cogadh ann: *to defend themselves at time of war*; cha b' urrainn mòran bìdh a bhith air a stòradh ann: *not much food could be stored there*; cha maireadh e fada às aonais taic bhon taobh a-muigh: *it wouldn't last long without help from the outside*; bho Chloinn Raghnaill ann an Uibhist: *from Clanranald in Uist*; gun a bhith a' streap: *not to climb*; cò bh' air a chumail ann mar phrìosanach?: *who was held there as a prisoner?*; bean fear de na cinn-chinnidh: *the wife of one of the clan chiefs*; gun robh fir eile ga suirghe: *that other men were seeking her favours*; an seachdamh linn deug: *the Seventeenth Century*; ann an clò: *in print*; saoilidh mi nach bi sin furasta no saor: *I reckon that will not be easy or cheap*.

**Puing-chànain na Litreach:** **togalach beag cloiche faisg air mullach cnuic an cois a' chladaich:** *a little stone building close to a hilltop next to the shore. How are you at recognizing nouns in the genitive case? Can you identify the three in this sentence [have a look before reading on!]? The first is cloiche, the genitive singular of clach, a feminine noun. It is working here as an adjective meaning "made of stone". Cnuic is the genitive singular of the masculine noun cnoc; it means "of a hill". And a' chladaich means "of the shore", cladaich being the genitive singular form of the masculine noun cladach. This word is in the genitive following the compound preposition an cois.*

**Gnathas-cainnt na Litreach:** **'S fhiach an togalach a shàbhaladh** ma ghabhas e dèanamh: *it's worth saving the building if it can be done.*

*Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA*